



Sònrachadh Cùrsa
Àrd-ìre
Adhartach



Gàidhlig Àrd-Ìre Adhartach

Còd a' chùrsa:	C832 77
Còd measaidh a' chùrsa	X832 77
SCQF:	ìre 7 (32 puingean creideis SCQF)
Dligheach bho:	seisean 2019–20

Tha an sgrìobhainn seo a' toirt seachad fiosrachadh mionaideach mun chùrsa agus measadh cùrsa gus dèanamh cinnteach gum bi measadh cunbhalach agus follaiseach bliadhna an dèidh bliadhna. Tha e a' toirt cunntas air structar a' chùrsa agus measadh a' chùrsa a thaobh nan sgilean, an eòlais agus na tuigse a tha air am measadh.

Tha an sgrìobhainn seo airson tidsearan agus òraidichean agus tha a h-uile fiosrachadh àithnteil ann a dh'fheumar gus an cùrsa a libhrigeadh.

Faodaidh am fiosrachadh san fhoillseachadh seo a bhith air ath-riochdachadh mar thaic do theisteanasan SQA a-mhàin, air bunait neo-choimearsalta. Ma thèid ath-riochdachadh, feumar aithne shoilleir a thoirt do SQA. Ma thèid ath-riochdachadh airson adhbhar sam bith eile, feumar cead sgrìobhte fhaotainn bho <mailto:permissions@sqa.org.uk>

An deasachadh seo: An t-Sultain 2019 (dreach 3.0)

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2014, 2019

Clàr-innse

Geàrr-iomradh a' chùrsa	1
Feallsanachd a' chùrsa	2
Adhbhar agus amasan	3
Cò dhà a tha an cùrsa seo?	3
Susbaint a' chùrsa	4
Sgilean, eòlas agus tuigse	4
Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh	6
Ionnsachadh airson Seasmhachd	6
Measadh a' chùrsa	7
Structar measaidh a' chùrsa: pàipear cheistean	7
Structar measaidh a' chùrsa: còmhradh	9
Stiùireadh air comharrachadh Còmhraidh	11
Rangachadh	17
Co-ionannachd agus in-ghabhaltas	18
Tuilleadh fiosrachaidh	19
Pàipear-taic: notaichean taice a' chùrsa	20
Ro-ràdh	20
A' leasachadh sgilean, eòlas agus tuigse	20
Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg	22
Ag ullachadh airson measadh cùrsa	26
Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh	33

Geàrr-iomradh a' chùrsa

Tha 32 puingean creideis SCQF sa chùrsa seo, a tha a' toirt a-steach ùine ullachaidh airson measadh a' chùrsa. Is e 160 uair a thìde an ùine bharalach a bheir tagraichean airson an cùrsa a chrìochnachadh.

Tha ceithir co-phàirtean ann am measadh a' chùrsa.

Co-phàirt	Comharra	Ùine
Co-phàirt 1: pàipear cheistean Sgrùdadh	30	1 uair agus 30 mionaid
Co-phàirt 2: pàipear cheistean Litreachas agus Sgrìobhadh	40	1 uair agus 40 mionaid
Co-phàirt 3: pàipear cheistean Eadar-theangachadh	15	30 mionaidean
Co-phàirt 4: Còmhraidh	30	mu 20 mionaid faic an earrann 'Measadh a' chùrsa'

Inntrigeadh ga mholadh	Adhartas
Tha inntrigeadh don chùrsa seo an urra ris an ionad. Bu chòir do na tagraichean a bhith air a' chùrsa Gàidhlig Àrd-Ìre no teisteanasan co-ionann agus/no eòlas fhaighinn mus tòisich iad air a' chùrsa seo.	♦ tuilleadh ionnsachaidh, cosnadh agus/no trèanadh

Cùmhnanntan duaise

Tha an ìre a thèid a bhuileachadh stèidhichte air na comharran iomlan a fhuair a' chùrsa.

Le bhith a' coileanadh a' chùrsa seo, bithear a' faighinn gu fèin-obrachail teisteanas air a' Phrìomh Sgìl a leanas:

- ♦ Conaltradh aig SCQF ìre 6

Feallsanachd a' chùrsa

Tha Cùrsaichean Nàiseanta a' nochdadh luachan, adhbharan agus prionnsapalan a' Churraicealaim airson Sàr-mhathais. Bidh iad a' tabhann sùbailteachd, a' toirt ùine seachad airson ionnsachadh, a' cur fòcas air sgilean agus a' cur ionnsachadh an gnìomh, agus a' toirt cothrom airson pearsanachadh agus roghainn.

Bidh a h-uile cùrsa a' toirt chothroman do thagraichean farsaingeachd, dùbhlàn agus cur an gnìomh a leasachadh. Tha fòcas agus cothromachadh a' mheasaidh air an dèanamh freagarrach do gach cuspair.

Tha cànan agus litearrachd cudromach gu pearsanta, gu sòisealta agus gu h-eaconamach. Tha an comas a th' aig tagraichean a bhith a' cleachdadh cànan aig teis-mheadhan an comais a bhith a' leasachadh agus a' cur an cèill an smuaintean, an ionnsachadh agus am fèin-aithne.

Tha an cùrsa a' leasachadh tuigse air mothalachd cànan, agus air raon farsaing de litreachas agus teacsaichean. Tha seo a' comasachadh thagraichean gus cothrom fhaighinn air an dualchas is eachdraidh chultarach aca fhèin, a bharrachd air cultar is eachdraidh dhaoine eile. Tha e a' toirt seachad sùbailteachd, agus pearsanachadh agus roghainn, gus tagraichean a chomasachadh a bhith a' coileanadh ann an diofar dhòighean agus aig diofar ìrean luaithe.

Tha e a' comasachadh thagraichean gus briathrachas iom-fhillte, pàtranach facail, structaran teacsa agus stoidhle nàdarach, gnàthasach a thuigsinn agus a chleachdadh. Tha iad a' leasachadh sgilean gus cànan aithneachadh, mion-sgrùdadh a dhèanamh air agus a chleachdadh airson raon de dh'adhbharan.

Adhbhar agus amasan

Tha an cùrsa a' toirt cothrom do thagraichean gus sgilean cànan adhartach a leasachadh agus a chur an gnìomh ann an leughadh breithneachail, eadar-theangachadh, còmhradh agus sgrìobhadh.

Bidh tagraichean, agus iad a' leasachadh an cuid sgilean litearrachd ionnsaichte, nas comasaiche air fiosrachadh a ghiullachd gu furasta, agus eòlas fallain air cànan a chur an gnìomh ann an raon de cho-theacsaichean iomchaidh agus buntainneach. Tha iad a' rannsachadh sreath theacsaichean agus a' cosnadh misneachd gus gnìomhan ùra agus dùbhlanaich a ghabhal os làimh ann an caochladh shuidheachaidhean.

Tha an cùrsa a' toirt cothrom do thagraichean a bhith:

- ◆ a' leasachadh a' chomais a bhith a' cur an cèill agus a' conaltradh tro chleachdadh cànan iom-fhillte is ionnsaichte
- ◆ a' leasachadh a' chomais conaltraidh ann an sgrìobhadh tro chleachdadh cànan iom-fhillte agus ionnsaichte a thaobh luchd-leughaidh, co-theacsa agus adhbhar
- ◆ a' doimhneachadh aire air cànan agus mar a tha e ag obair, a' toirt fa-near stoidhle, gràmar, structar agus gnàthas-cainnt, agus buaidhean ionadail agus roinneil air cànan
- ◆ a' leasachadh a' chomais a bhith ag anailiseachadh agus a' luachadh teacsaichean bho dhiofar ghnèithean-litreachais
- ◆ a' leasachadh aire air eadar-theangachadh bho Bheurla sgrìobhte gu Gàidhlig sgrìobhte
- ◆ a' dèanamh eadar-obrachadh le neach fa leth air cùisean ceangailte ri Gàidhlig de nàdar eachdraidheil, mar eisimpleir, no cultarach
- ◆ a' cur an gnìomh sgilean smaoineachaidh àrd-ìreil
- ◆ a' leasachadh sgilean litearrachd bhreithneachail adhartach
- ◆ ag ionnsachadh gu neo-eisimeileach
- ◆ a' planadh agus a' rannsachadh, ag amalachadh agus a' cur an gnìomh sgilean cànan, airson raon de dh'adhbharan, a' gabhail a-steach rannsachadh neo-eisimeileach

Cò dhà a tha an cùrsa seo?

Tha an cùrsa seo freagarrach do luchd fileanta na Gàidhlig. Tha e a' toirt chothroman do thagraichean a bhith a' togail air an ionnsachadh a fhuair eadhadh roimhe ann am foghlam farsaing coitcheann no ann an teisteanasan Gàidhlig aig ìre SCQF nas ìsle. Feuch gun toir thu sùil air stiùireadh an SQA *Stiùireadh air Riarachadh airson Phrògraman Ionnsachaidh agus Teisteanasan Gàidhlig agus Gaelic (Luchd-ionnsachaidh)*.

Susbaint a' chùrsa

Tha an cùrsa a' toirt cothrom do thagraichean gus sgilean adhartaichte a leasachadh ann an leughadh breithneachail, eadar-theangachadh, còmhradh agus sgrìobhadh gus Gàidhlig a thuigsinn agus a chleachdadh.

Tha structar a' chùrsa a' comasachadh thagraichean gus fòcas a chur air na sgilean a dh'fheumar gus cànan a thuigsinn, anailiseachadh, a luachadh, eadar-theangachadh, a chruthachadh agus a thoirt seachad.

Sgilean, eòlas agus tuigse

Sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt tar-shealladh farsaing air na sgilean cuspaireil, eòlas agus tuigse a thèid a leasachadh sa chùrsa:

- ◆ leughadh breithneachail adhartaichte, eadar-theangachadh, còmhradh agus sgrìobhadh, mar a tha iomchaidh don adhbhar agus don luchd-amais ann an raon farsaing de cho-theacsaichean
- ◆ a' tuigsinn, a' mion-sgrùdadh agus a' luachadh raon farsaing de theacsaichean iom-fhillte agus ionnsaichte, mar a tha freagarrach don adhbhar agus don luchd-amais
- ◆ a' cruthachadh agus a' sgrìobhadh raon farsaing de theacsaichean iom-fhillte agus ionnsaichte, mar a tha iomchaidh do raon de dh'adhbharan agus buidhnean-amais
- ◆ sgilean adhartaichte eadar-theangachaidh bho Bheurla sgrìobhte gu Gàidhlig sgrìobhte
- ◆ eòlas air cànan, litreachas agus cultar na Gàidhlig

Sgilean, eòlas agus tuigse airson measadh a' chùrsa

Tha na leanas a' toirt seachad mion-fhiosrachadh mu sgilean, eòlas agus tuigse a tha gan samplachadh ann am measadh a' chùrsa.

- ◆ an t-eadar-dhealachadh eadar cleachdaidhean co-chiallachaidh (*connotative uses*) is cleachdaidhean comharrachaidh (*denotative uses*) a thaobh cànan
- ◆ ainmean agus cleachdaidhean nam prìomh chlasan fhacal: ainmear, riochdair, buadhair, alt, gnìomhair, co-ghnìomhair, roimhear agus naisgear
- ◆ ainmean agus cleachdaidhean nan aonadan co-chàrail (*syntactic units*) — seantans, clàs, abairt agus buidheann-fhaclan
- ◆ gnàthachasan ann an Gàidhlig sgrìobhte
- ◆ briathrachas breithneachail airson teacsaichean litreachail a dheasbad
- ◆ mion-sgrùdadh bhreithneachail a dhèanamh air teacsaichean litreachail agus neo-fhicseanach a tha iom-fhillte agus ionnsaichte
- ◆ eòlas air cruthan is gnèithean-litreachais iom-fhillte
- ◆ eòlas air litreachas

- ◆ eòlas air dòighean is innealachdan litreachais, a' gabhail a-steach:
 - caractarachd
 - cleachdadh còmhraidh
 - structar
 - taghadh fhaclan agus tònna
 - taobh aithriseach
 - faireachdainn
 - cruthachadh mothachadh air àite
 - gnàthasan gnè-litreachais
 - co-chàradh agus co-dhealbhachd
- ◆ gnàthachas litreachaidh na Gàidhlig
- ◆ eòlas air dualchas litreachail na Gàidhlig
- ◆ sgilean sgrìobhaidh adhartach

Tha na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse a tha sa chùrsa iomchaidh airson ìre SCQF a' chùrsa. Tha na tuairisgeulan ìre SCQF a' toirt tuilleadh fiosrachaidh mu fheartan agus coileanadh ris am biodh dùil aig gach ìre SCQF, agus tha iad rim faighinn air làrach-lìn SCQF.

Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh

Tha an cùrsa seo a' cuideachadh thagraichean gus sgilean farsaing, coitcheann a leasachadh. Tha na sgilean seo stèidhichte air [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean airson Ionnsachaidh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Cosnadh](#) agus a' tarraing bho na prìomh raointean sgilean a leanas:

1 Litearrachd

- 1.1 Leughadh
- 1.2 Sgrìobhadh
- 1.3 Èisteachd agus còmhraidh

5 Sgilean smaoineachaidh

- 5.3 Cur an gnìomh
- 5.4 Mion-sgrùdadh agus luachadh
- 5.5 Cruthachadh

Feumaidh tidsearan is òraidichean na sgilean seo a thoirt a-steach don chùrsa aig ìre iomchaidh, far a bheil cothroman freagarrach ann.

Ionnsachadh airson Seasmhachd

Tha SQA dealasach a thaobh cothroman aithneachadh airson luachan, sgilean, eòlas agus tuigse co-cheangailte ri Ionnsachadh airson Seasmhachd a leasachadh taobh a-staigh gach Cùrsa Nàiseanta.

Measadh a' chùrsa

Tha measadh a' chùrsa stèidhichte air an fhiosrachadh san t-sònrachadh cùrsa seo.

Tha measadh a' chùrsa a' coileanadh adhbharan agus amasan a' chùrsa le bhith a' dèiligeadh ri:

- ♦ farsaingeachd – a' tarraing air eòlas agus sgilean bho air feadh a' chùrsa
- ♦ dùbhlàn – feumach air barrachd doimhneachd no leudachaidh air eòlas agus/no sgilean
- ♦ cur an gnìomh – feumach air eòlas agus/no sgilean a chur an gnìomh ann an co-theacsaichean practaigeach no teòiridheach mar a tha iomchaidh

Leigidh seo le tagraichean a bhith a' cur an gnìomh:

- ♦ sgilean cànanin adhartach gus teacsaichean sgrìobhte, nach fhaca iad roimhe agus a tha iom-fhillte agus ionnsaichte, a thuigsinn, mion-sgrùdadh agus a luachadh
- ♦ sgilean cànanin adhartach gus cànan iom-fhillte agus ionnsaichte, ann an cruthan sgrìobhte agus labhairte, a chleachdadh, mar a tha iomchaidh don adhbhar

Structar measaidh a' chùrsa: pàipear cheistean

Pàipear cheistean: Sgrùdadh

30 comharra

Tha 30 comharra sa phàipear cheistean seo a-mach à 115 comharra gu h-iomlan airson measadh a' chùrsa.

Tha e a' toirt cothrom do thagraichean a bhith a' nochdadh:

- ♦ sgilean leughaidh bhreithneachail a chur an gnìomh do theacsaichean iom-fhillte agus ionnsaichte nach fhaca iad roimhe
- ♦ eòlas agus tuigse air co-theacsa, cruthan, gnèithean agus cultar litreachais iomchaidh

Tha tagraichean a' leughadh dà theacsa Ghàidhlig a tha iom-fhillte agus ionnsaichte agus nach fhaca iad roimhe: aon ficseanach agus aon neo-fhicseanachd

Tha iad a' freagairt nan ceistean air na teacsaichean sgrìobhte.

Seatadh, libhrigeadh agus comharrachadh a' phàipeir cheistean

Tha am pàipear cheistean seo ga sheatadh agus ga chomharrachadh leis an SQA. Tha e air a libhrigeadh ann an ionadan fo chumhachan a chaidh a shònrachadh airson deuchainnean taobh a-muigh le SQA.

Tha 1 uair a thide agus 30 mionaid aig tagraichean airson am pàipear cheistean seo a chrìochnachadh.

Pàipear cheistean: Litreachas agus Sgrìobhadh

40 comharra

Tha 40 comharra sa phàipear cheistean seo a-mach à 115 comharra gu h-iomlan airson measadh a' chùrsa.

Tha dà earrann sa phàipear cheistean seo.

Earrann 1: Litreachas 20 comharra

Tha an earrann seo a' toirt cothrom do thagraichean a nochdadh:

- ◆ sgilean leughaidh bhreithneachail adhartach le iomradh air teacsaichean air a bheil iad eòlach
- ◆ eòlas agus tuigse air co-theacsa, cruthan, gnèithean agus cultar litreachais iomchaidh

Tha tagraichean a' sgrìobhadh aiste air taobhan de theacsa litreachail a rannsaich iad, a bhuineas do na gnèithean-litreachais dràma, rosg no bàrdachd. Tha tagraichean a' taghadh aon cheist aiste a-mach a roghainn de dh'ochd.

Earrann 2: Sgrìobhadh 20 comharra

Tha an earrann seo a' toirt cothrom do thagraichean a nochdadh:

- ◆ cleachdadh Gàidhlig sgrìobhte iom-fhillte agus ionnsaichte

Tha tagraichean a' sgrìobhadh aiste ann an Gàidhlig bho roghainn de dh'ochd tiotalan aiste.

Seatadh, libhrigeadh agus comharrachadh a' phàipeir cheistean

Tha am pàipear cheistean seo ga sheatadh agus ga chomharrachadh leis an SQA. Tha e air a libhrigeadh ann an ionadan fo chumhachan a chaidh a shònrachadh airson deuchainnean taobh a-muigh le SQA.

Tha 1 uair a thìde agus 40 mionaid aig tagraichean airson am pàipear cheistean seo a chrìochnachadh.

Pàipear cheistean: Eadar-theangachadh

15 comharra

Tha 15 comharra sa phàipear cheistean seo a-mach à 115 comharra gu h-iomlan airson measadh a' chùrsa.

Tha e a' toirt cothrom do thagraichean a nochdadh:

- ♦ eadar-theangachadh bho Bheurla sgrìobhte gu Gàidhlig sgrìobhte
- ♦ eòlas air cànan iom-fhillte agus ionnsaichte aig a bheil pongalachd theicnigeach
- ♦ a' toirt seachad tòna agus buaidh, mar a tha iomchaidh don ghnè-litreachais

Tha tagraichean ag eadar-theangachadh aon teacsa Beurla sgrìobhte neo-fhicseanach gu Gàidhlig sgrìobhte.

Seatadh, libhrigeadh agus comharrachadh a' phàipear cheistean

Tha am pàipear cheistean seo ga sheatadh agus ga chomharrachadh leis an SQA. Tha e air a libhrigeadh ann an ionadan fo chumhachan a chaidh a shònrachadh airson deuchainnean taobh a-muigh le SQA.

Tha 30 mionaid aig tagraichean airson am pàipear cheistean seo a chrìochnachadh.

Thathar a' foillseachadh eisimpleirean de phàipearan-cheistean airson cùrsaichean Àrd-Ìre Adhartach air làrach-lìn an SQA. Tha iad sin a' nochdadh inbhe, structar agus riatanasan nam pàipearan-cheistean. Tha na pàipearan sampail cuideachd a' toirt a-steach stiùireadh comharrachaidh.

Structar measaidh a' chùrsa: còmhraidh

Còmhraidh

30 comharra

Tha 30 comharra aig an còmhraidh a-mach à 115 comharra gu h-iomlan airson measadh a' chùrsa.

Tha e a' toirt cothrom do thagraichean a nochdadh:

- ♦ cleachdadh Gàidhlig labhairte iom-fhillte agus ionnsaichte mar phàirt de chòmhraidh
- ♦ eòlas agus tuigse air co-theacsa, cruthan, gnèithean agus cultar litreachais iomchaidh

Tar-shealladh air Còmhraidh

Tha tagraichean a' gabhail pàirt ann an còmhraidh aghaidh-ri-aghaidh le neach-measaidh tadhalach air raon rannsachaidh taghte an tagraiche a chaidh a ghabhail os làimh rè a' chùrsa. Bu chòir dhaibh cuideachd beachdachadh air cuspairean eile a tha buntainneach don chùrsa, agus ceistean a chur far a bheil sin iomchaidh.

Tha an neach-measaidh tadhalach a' cleachdadh raon de dhòighean ceasnachaidh a leigeas le tagraichean a bhith a' nochdadh a' chomais a th' aca air còmhraidh a chumail a' dol.

Seatadh, libhrigeadh agus comharrachadh an còmhraidh

Tha an còmhradh:

- ♦ air a sheatadh le ionadan taobh a-staigh stiùireadh an SQA
- ♦ air a dhèanamh le luchd-measaidh tadhalach a chaidh a chur an dreuchd leis an SQA
- ♦ air a libhrigeadh fo ìre àrd de dh'aireachas
- ♦ na mheasadh beò, a tha air a chomharrachadh leis an neach-measaidh tadhalach

Feumaidh ionadan fiosrachadh a thoirt seachad air na tèaman is cuspairean air an rannsachadh leis na tagraichean, agus air fòcas pasgan nan tagraichean, mus tachair an còmhradh. Feumaidh tagraichean an fhoirm STL a lionadh, agus feumaidh ionadan am foirm a chur gu SQA gun a bhith nas anmoiche na aon seachdain mus tòisich ùine a' mheasaidh thadhalaich (mar is trice, meadhan a' Ghearrain).

Tha clàradh fuaim air a dhèanamh den còmhradh leis an neach-measaidh thadhalach.

Tha a h-uile comharrachadh air a ghealltainn le SQA a rèir inbhean smachd càileachd.

Cumhaichean measaidh

Ùine

Tha am measadh seo na thachartas measaidh singilte aon-turais. Tha an neach-measaidh tadhalach a' cur fios chun an ionaid gus àm(annan) is deitichean freagarrach aontachadh, mar is trice rè a' Ghearrain agus a' Mhàirt.

Bu chòir gum mair an còmhradh mu 20 mionaid.

Aireachas, smachd agus dearbhadh

Thathar a' libhrigeadh an còmhraidh fo ìre àrd de dh'aireachas.

Rè an còmhraidh:

- ♦ bidh tagraichean aghaidh-ri-aghaidh ris an neach-measaidh tadhalach rè ùine a' mheasaidh
- ♦ cha bu chòir tagraichean còmhradh ri duine sam bith eile seach an neach-measaidh tadhalach

Feumaidh ionadan suidheachadh sàmhach a chuir air dòigh airson am measadh a dhèanamh. Chan fhaod tagraichean fònaichean-làimhe a thoirt leotha don mheasadh.

Goireasan

Rè a' mheasaidh seo, faodaidh tagraichean nòtaichean aithghearr a chleachdadh mar goireas-cuimhne. Faodaidh tagraichean sùil a thoirt air grunn phuingean peileir sa bheil faclan cuir an cuimhne, ach chan fhaod iad a bhith nan seantansan iomlan airson leughadh facal air an fhacal. Ma thathar a' toirt sùil gu bitheanta air na nòtaichean, faodaidh seo toirt air falbh bho chàileachd an còmhraidh.

Cuideachadh reusanta

Feumaidh tagraichean ullachadh gu neo-eisimeileach airson a' mheasaidh. Ach faodaidh iad cuideachadh reusanta fhaighinn mus tachair am measadh foirmeil. Tha an teirm 'cuideachadh reusanta' ga cleachdadh gus feuchainn ris an fheum airson taic a chothromachadh leis an fheum a bhith a' seachnadh cus cuideachaidh. Ma tha feum aig tagraichean sam bith air barrachd na thathar a' meas mar 'chuideachadh reusanta', dh'fhaodte nach eil iad deiseil airson measadh no dh'fhaodadh gun deach an inntrigiadh don ìre cheàrr de theisteanas.

Faodaidh tidsearan is òraidichean cuideachadh reusanta a thoirt seachad air bunait choitcheann do chlas no do bhuidheann thagraichean (mar eisimpleir, comhairle air iomchaidheachd nan cuspairean a tha tagraichean a' taghadh). Faodaidh tidsearan is òraidichean cuideachadh a thoirt do thagraichean air bunait fa leth cuideachd.

Ach ma thathar a' toirt cuideachadh do thagraichean air bunait aon-ri-aon ann an co-theacsa nà a tha iad air a dhèanamh no air a thaisbeanadh mar-thà, tha cunnart ann gun tig e gu bhith na thaic do mheasadh agus dh'fhaodadh e dol seachad air cuideachadh reusanta.

Bu chòir gum mair an còmhraidh mu 20 mionaid. Tha an neach-measaidh tadhalach a' stiùireadh seo gu freagarrach, a' dèanamh cinnteach gu bheil ùine gu leòr ga toirt do bheachdachadh air rannsachadh pearsanta an tagraiche agus na cuspairean air na rinn iad sgrùdadh.

Far a bheil duilgheadasan soilleir aig tagraichean ann a bhith a' cumail a' chòmhraidh a' dol, feuchaidh an neach-measaidh tadhalach ri bhith a' cumail a' chòmhraidh a' dol cho fad 's a ghabhas, a' seachnadh fad anabarrach.

Fianais ri thional

Feumar an fhianais tagraiche a leanas airson a' mheasaidh:

- ♦ clàradh fuaim den còmhraidh

Meud

Cha bhuin seo don chòmhraidh.

Stiùireadh air comharrachadh Còmhraidh

Ann an co-rèir ri cleachdadh àbhaisteach an SQA, tha an stiùireadh airson an còmhraidh airson Gàidhlig Àrd-Ìre Adhartach ga sheòladh ris an neach-cheartachaidh. Bidh seo cuideachail mar an ceudna dhaibhsan a tha ag ullachadh thagraichean airson measadh a' chùrsa.

Tha fianais nan tagraichean air a comharrachadh ann an ionadan le neach-measaidh tadhalach an SQA.

Prionnsapalan coitcheann air comharrachadh

Cuir na prionnsapalan coitcheann seo an gnìomh an-còmhnaidh. Cleachd iad còmhla ris an stiùireadh mhionaideach air comharrachadh, a tha ag ainmeachadh nam prìomh fheartan a tha riatanach ann am freagairtean tagraichean.

- a Cleachd comharrachadh dearbhach an-còmhnaidh. Tha seo a' ciallachadh gum bi tagraichean a' cruinneachadh chomharran far a bheil iad a' taisbeanadh sgilean, eòlas is tuigse a tha buntainneach; chan eilear a' toirt chomharran air falbh airson mhearachdan no dearmadan.
- b Bu chòir gum bi measadh iomlanach. Bidh neartan is laigsean sa chòmhradh; bu chòir don mheasadh fòcas a chumail uiread 's a ghabhas air na neartan, a' toirt fa-near do laigsean far a bheil iad a' dèanamh droch chron air a' choileanadh air fad a-mhàin. Chan fheum an còmhradh a bhith coileanta airson comharran iomlan a chosnadh.

Stiùireadh mionaideach air comharrachadh

Tha tagraichean a' cosnadh chomharran le bhith a' nochdadh comas sna prìomh chòig feartan airson an còmhradh. Is iad seo:

- ♦ stoidhle agus structar
- ♦ susbaint
- ♦ goireas cànan
- ♦ pongalachd
- ♦ eadar-obrachadh

Gus an comharra deireannach obrachadh a-mach, bu chòir do luchd-measaidh tadhalach an toiseach an raon as freagarrach a thaghadh le bhith ag aithneachadh àite an tagraiche.

Aon uair ' gu bheilear air an raon sin a thaghadh:

- ♦ ma tha an fhianais cha mhòr a' coileanadh nan inbhean a dh'ainmicheadh, thoir seachad an comharra as àirde a tha ri fhaotainn bhon raon sin
- ♦ ma tha obair an tagraiche dìreach a' coileanadh na h-inbhe a dh'ainmicheadh, thoir seachad an comharra as ìsle bhon raon
- ♦ air neo, thoir seachad an comharra bho mheadhan an raoin

Cleachd breithneachadh proifeiseanta gus riarachadh chomharran a shocrachadh. Mar eisimpleir, mas e an àireamh de chomharran san raon taghte 18–15 an tuairisgeul as fheàrr: bu chòir don luchd-measaidh ath-bheachdachadh air comasan an tagraiche sna còig prìomh fheartan. Ma tha an tagraiche dìreach a' call air 18, thoir seachad 17. Ma tha an tagraiche ach beagan air thoiseach air 15, thoir seachad 16.

Feumaidh gun toirear comharra de neoini (0) far nach toir an tagraiche seachad fianais sam bith a tha a' freagairt air tuairisgeulaiche a' choileanadh.

Clàraich an comharra air clàr measaidh an tagraiche. Faodaidh tu clàradh carson a thug thu seachad an comharra.

Tuairisgeul air coileanadh agus comharra

Stoidhle agus structar

Tha an tagraiche:

30–27	26–23	22–19	18–15	14–11	10–6	5–1
a' còmhradh gu h-èifeachdach, gu co-thàthach, gu fileanta agus ann an dòigh structaraichte gun ach glè bheag de stadaich agus/no gun ach stadaich nàdarra	a' còmhradh gu h-èifeachdach, gu co-thàthach agus ann an dòigh structaraichte gun ach beagan stadaich	a' còmhradh gu h-èifeachdach, gu co-thàthach agus ann an dòigh structaraichte gun ach glè bheag de stadaich a tha mì-iomchaidh	a' còmhradh gu co-thàthach agus ann an dòigh structaraichte le ìre de stadaich nach eil a' toirt air falbh bhon chonaltradh	a dhìth air co-thàthadh is eagrachadh gu leòr, agus dh'fhaodadh stadaich bacadh a chur air an eadar-obrachadh	a dhìth air co-thàthadh is eagrachadh, agus tha stadaich a' cur bacadh air an eadar-obrachadh	gun cho-thàthadh no eagrachadh, agus tha stadaich a' cur bacadh air an eadar-obrachadh

Susbaint

Tha an tagraiche:

30–27	26–23	22–19	18–15	14–11	10–6	5–1
a' cur ris raon farsaing de smuaintean is beachdan buntainneach le ceangalaichean iomchaidh anns a bheil leasachadh leudaichte air rannsachadh pearsanta agus co-theacsa sam bith eile	a' cur ris raon math de smuaintean is beachdan buntainneach le ceangalaichean iomchaidh anns a bheil leasachadh air rannsachadh pearsanta agus co-theacsa sam bith eile	a' cur ris raon de smuaintean is beachdan buntainneach le ceangalaichean iomchaidh anns a bheil leasachadh air rannsachadh pearsanta agus co-theacsa sam bith eile	a' cur ris raon gu leòr de smuaintean is beachdan buntainneach le ceangalaichean iomchaidh anns a bheil beagan leasachadh air rannsachadh pearsanta agus co-theacsa sam bith eile	a' cur ris beagan smuaintean is beachdan buntainneach le beagan ceangalaichean agus beagan leasachadh air rannsachadh pearsanta agus co-theacsa sam bith eile	a' strì gus toirt seachad raon gu leòr de smuaintean is beachdan buntainneach a bhios a' leasachadh an rannsachadh phearsanta no co-theacsa sam bith eile	a' strì gus toirt seachad smuaintean is beachdan buntainneach agus a bhith a' leasachadh rannsachadh pearsanta no co-theacsa sam bith eile

Goireas cànan

Tha an tagraiche:

30–27	26–23	22–19	18–15	14–11	10–6	5–1
a' nochdadh eòlas air raon farsaing de bhriathrachas airson an rannsachaidh phearsanta agus cuspair taghte sam bith eile agus ga chleachdadh gu furasta	a' nochdadh eòlas air raon farsaing de bhriathrachas airson an rannsachaidh phearsanta no cuspair taghte sam bith eile	a' nochdadh eòlas air raon gu leòr de bhriathrachas airson an rannsachaidh phearsanta agus cuspair taghte sam bith gus an còmhraidh a chumail a' dol	a' nochdadh eòlas air raon gu leòr de bhriathrachas airson an rannsachaidh phearsanta agus cuspair taghte sam bith eile gus an còmhraidh a chumail a' dol le beagan brosnachaidh	a' nochdadh eòlas cuibhrichte air briathrachas airson an rannsachaidh phearsanta agus cuspair taghte sam bith, agus tha seo a' cur bacadh air a' chòmhraidh aig amannan	a' nochdadh eòlas cuibhrichte air briathrachas airson an rannsachaidh phearsanta no cuspair taghte sam bith eile, agus tha seo a' cur bacadh air a' chòmhraidh gu bitheanta	duilgheadas air an rannsachadh phearsanta no cuspair taghte sam bith eile air sgàth briathrachas cuibhrichte
a' cleachdadh raon farsaing de structaran, gu tric agus gu nàdarra a' gabhail a-steach structaran iom-fhillte agus gnàthasan-cainnte	a' cleachdadh raon farsaing de structaran, a' gabhail a-steach structaran iom-fhillte agus gnàthasan-cainnte	a' cleachdadh raon farsaing de structaran, a dh'fhaodas gabhail a-steach beagan oidhirpean air structaran iom-fhillte agus cainnt ghnàthasach	a' cleachdadh raon de structaran, a dh'fhaodas a bhith a' gabhail a-steach beagan oidhirpean air structaran iom-fhillte agus cainnt ghnàthasach	a' cleachdadh raon cuibhrichte de structaran le beagan cainnt ghnàthasach no gun chainnt ghnàthasach idir	a' strì gus raon gu leòr de structaran a chleachdadh gus an còmhraidh a chumail a' dol	a' cleachdadh structaran a tha a' cur bacadh air conaltradh

Pongalachd

Tha an tagraiche:

30–27	26–23	22–19	18–15	14–11	10–6	5–1
a' cleachdadh cànan iom-fhillte agus ionnsaichte le ìre àrd de phongalachd	a' cleachdadh cànan iom-fhillte agus ionnsaichte a tha gu ìre mhòr pongail	a' cleachdadh cànan iom-fhillte agus ionnsaichte ged a tha beagan mhearachdan sa ghràmair	a' cleachdadh briathrachas iom-fhillte agus ionnsaichte a dh'aindeoin laigsean ann am pongalachd gràmair	a' còmhraidh le ìre de phongalachd nach eil gu leòr gus brìgh a chur seachad gu cunbhalach	a' còmhraidh le ìre de phongalachd a dh'fhaodas uaireannan bacadh a chur air conaltradh soilleir	a' còmhraidh le ìre de phongalachd a tha a' cur bacadh air conaltradh

Eadar-obrachadh

Tha an tagraiche:

30–27	26–23	22–19	18–15	14–11	10–6	5–1
a' com-pàirteachadh agus a' freagairt gu nàdarra, agus le ìre de dheòntas a tha a' leasachadh a' chòmhraidh gu h-èifeachach	a' com-pàirteachadh agus a' freagairt le ìre de dheòntas a tha a' leasachadh a' chòmhraidh gu h-iomlan	a' com-pàirteachadh agus a' freagairt le ìre de dheòntas, ged a dh'fhaodas iad a bhith feumach air beagan bhrosnachaidh	a' com-pàirteachadh agus a' cumail a' chòmhraidh a' dol, ged a dh'fhaodas iad a bhith feumach air brosnachadh	feumach air brosnachadh, gun a bhith a' toirt an aire co-sheasmhach ris na thathar ag ràdh, agus faodaidh iad freagairt ann an dòigh nach eil buntainneach	feumach air brosnachadh tric, gun a bhith a' toirt mòran aire ris na thathar ag ràdh, gu tric a' freagairt ann an dòigh nach eil buntainneach	An còmhnaidh feumach air brosnachadh, a' toirt glè bheag de dh'aire, no a tha gun aire idir, ris na thathar ag ràdh, agus a' freagairt ann an dòigh nach eil buntainneach
ag atharrachadh guth-cheòl gu h-ealamh gus brìgh a thoirt seachad no a' socrachadh luaths mar a tha freagarrach san t-suidheachadh	ag atharrachadh guth-cheòl gus brìgh a thoirt seachad no a' socrachadh luaths mar a tha freagarrach san t-suidheachadh	a' dèanamh oidhirp a bhith ag atharrachadh guth-cheòl gus brìgh a thoirt seachad no a' socrachadh luaths mar a tha freagarrach san t-suidheachadh	a' nochdadh beagan oidhirp a bhith ag atharrachadh guth-cheòl gus brìgh a thoirt seachad no a' socrachadh luaths mar a tha freagarrach san t-suidheachadh	a' dèanamh beagan oidhirp, no tha iad gun oidhirp a dhèanamh idir, a bhith ag atharrachadh guth-cheòl gus brìgh a thoirt seachad no a' socrachadh luaths mar a tha freagarrach san t-suidheachadh	gun oidhirp a dhèanamh idir a bhith ag atharrachadh guth-cheòl gus brìgh a thoirt seachad no a' socrachadh luaths mar a tha freagarrach san t-suidheachadh	gun oidhirp a dhèanamh idir a bhith ag atharrachadh guth-cheòl gus brìgh a thoirt seachad no a' socrachadh luaths mar a tha freagarrach san t-suidheachadh
a' tuigsinn gu h-iomlan agus gu mionaideach na thathar ag ràdh, a' gabhail a-steach cleachdadh gnàthasach a' chànain	a' tuigsinn gu h-iomlan na thathar ag ràdh, a' gabhail a-steach beagan cleachdadh gnàthasach a' chànain	a' tuigsinn gu h-iomlan na thathar ag ràdh, a' gabhail a-steach beagan cleachdadh gnàthasach a' chànain	a' tuigsinn gu soilleir na thathar ag ràdh	duilgheadas a' tuigsinn beagan de na thathar ag ràdh gu soilleir	duilgheadas a' tuigsinn beagan de na thathar ag ràdh gu soilleir	duilgheadas a' tuigsinn a' mhòrchuid de na thathar ag ràdh gu soilleir, fiù 's le ath-cheasnachadh

Tuilleadh stiùiridh

Ann an raointean 30–27, 26–23, 22–19, 18–15 dh'fhaodadh an tagraiche soilleireachadh iarraidh bhon neach-sgrùdadh, ma tha feum ann.

Ann an raointean 14–11, 10–6 and 5–1 dh'fhaodadh an tagraiche gun soilleireachadh iarraidh bhon neach-sgrùdadh nuair a bha feum ann NO ag iarraidh soilleireachaidh bhon neach-sgrùdadh ach gun chomas a dhol air adhart leis a' choileanadh.

Rangachadh

Tha ìrean iomlan nan tagraichean air an dearbhadh a rèir an coileanaidh thar measadh a' chùrsa. Tha measadh a' chùrsa air a rangachadh A–D a rèir a' chomharra iomlain airson nam pàirtean uile de mheasadh a' chùrsa.

Tuairisgeul ìre airson C

Airson ìre C, a bhuileachadh, mar as trice bidh tagraichean a' nochdadh coileanadh soirbheachail de sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa.

Tuairisgeul ìre airson A

Airson ìre A a bhuileachadh, mar as trice bidh tagraichean a' nochdadh ìre chunbhalach àrd de sgilean, eòlas agus tuigse airson a' chùrsa.

Co-ionannachd agus in-ghabhaltas

Tha an cùrsa seo air a dhealbh airson a bhith cho cothromach agus cho ruigsinneach 's a ghabhas.

Tha ar [Poileasaidh Co-ionannachd Ruigsinn do Theisteanasan SQA](#) a' soilleireachadh ar dealas do:

- ♦ Achd Co-ionannachd 2010
- ♦ foghlam an aghaidh cinneachas
- ♦ dìon còraichean chloinne
- ♦ parantachd corporra

Bu chòir beachdachadh air feumalachdan gach tagraiche nuair a bhios tu ag ullachadh cothroman ionnsachaidh, a' cruthachadh goireasan-ionnsachaidh, no a' taghadh teacsaichean.

Tha stiùireadh mu rèiteachaidhean measaidh do thagraichean le ciorram agus an fheadhainn aig a bheil feumalachdan taic a bharrachd ri fhaighinn air [duilleag-lìn nan rèiteachaidhean measaidh](#).

Tuilleadh fiosrachaidh

- ♦ [Rèiteachaidhean measaidh](#)
- ♦ [Togail a' Churraicealaim 3–5](#)
- ♦ [Stiùireadh air cumhaichean measadh airson obair-chùrsa](#)
- ♦ [Stiùireadh air Measadh](#)
- ♦ [Rannsachadh SQA a rinneadh o chionn ghoirid](#)
- ♦ [Measadh aig astar](#)
- ♦ [Leabhar-làimhe SCQF](#)
- ♦ [Ìre gach teisteanas a rèir — Frèam-obrach Chreideis is Theisteanasan na h-Alba](#)
- ♦ [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean Beatha agus Sgilean Cosnaidh](#)

Pàipear-taice: notaichean taice a' chùrsa

Ro-ràdh

Chan eil na nòtaichean taice seo àithnteil. Bidh iad a' toirt comhairle agus stiùireadh do thidsearan agus òraidichean mu dhòighean air an cùrsa a lìbhrigeadh. Leugh nòtaichean taice a' chùrsa seo an co-bhonn ris an t-sònrachadh cùrsa agus an sampall de phàipear(an) cheistean agus obair-chùrsa.

A' leasachadh sgilean, eòlas agus tuigse

San earrainn seo, tha barrachd comhairle is stiùireadh mu sgilean, eòlas agus tuigse a dh'fhaodadh a thoirt a-steach sa chùrsa. Tha pailteas de shùbailteachd aig tidsearan is òraidichean airson co-theacsaichean a thaghadh a bhrosnaicheas agus a bheir dùbhlàn do an tagraichean, a' tairgse an dà chuid farsaingeachd agus doimhneachd.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean iomradh a thoirt air an t-sònrachadh cùrsa airson nan sgilean, eòlais agus tuigse airson measadh a' chùrsa.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean tagraichean a dhèanamh mothachail gum faighear, le leasachadh nan sgilean seo, sgilean co-iomlaideach cudromach a dh'fhaodas a bhith nan cuideachadh le tuilleadh ionnsachaidh, agus a bhios a' meudachadh an èifeachdais phearsanta.

Sgilean conaltraidh adhartach

Tha an cùrsa a' toirt chothroman do thagraichean airson fàs inntleachdail agus airson leasachadh mar a bhios iad gan cur fhèin an cèill. Tha com-pàirteachadh tagraichean le teacsaichean iom-fhillte agus ionnsaichte, ficseanach agus neo-fhicseanach, a' leasachadh an sgilean conaltraidh adhartach.

Tha mòran chothroman aig tagraichean a bhith a' freagairt ri teacsaichean, an toiseach tro fhreagairt phearsanta do leughadh agus an uair sin tro labhairt agus èisteachd ann an còmhraidh ri tidsearan no òraidichean agus/no comhaoisean. Bidh freagairtean sgrìobhte airson seo a' leigeil le tagraichean an cuid sgilean sgrìobhadh aistean breithneachail a leasachadh mar ullachadh airson roinn an litreachais sa phàipear cheistean. Mar an ceudna, tha e a' toirt chothroman do thagraichean ullachadh airson an còmhraidh aca.

Tuigse, mion-sgrùdadh bhreithneachail agus luachadh

Tha leasachadh nan sgilean a thaobh leughadh breithneachail mar phrìomh amas airson a' chùrsa. Thathar a' brosnachadh tagraichean a bhith nan leughadairean dian: a' leughadh le smaoineachadh agus cùram, le com-pàirteachas agus dealas. Bu chòir gu bheil leughadh na chur-seachad gnìomhach seach fulangach.

Bu chòir do thagraichean teacsaichean a cheasnachadh, a' gabhail orra modh-obrach feòrachd, a' sireadh co-choltasan agus diofaran thar theacsaichean, agus a' lorg stoidhle is

prìomh chùisean-cùraim an sgrìobhadair. Thathar gam brosnachadh seo a dhèanamh le misneachd fhàsmhor agus neo-eisimeileachd. Bu chòir do thagraichean beachdachadh agus cnuasachadh gu cùramach air prìomh chùisean-cùraim theacsaichean, a' roghnachadh agus a' mion-sgrùdadh cho cudromach 's a tha, mar eisimpleir, dòighean litreachail air a bhith, no a' bhuaidh a tha air a bhith aig mòmaidean cudromach. Bu chòir dhaibh modh-obrach luachaidh a ghabhail os làimh a thaobh mar a tha iad a' leughadh theacsaichean, an dà chuid litreachail agus neo-fhicseanach, agus feumaidh fianais agus mion-sgrùdadh a bhith sna freagairtean aca.

Cruthachadh theacsaichean sgrìobhte a tha iom-fhillte agus ionnsaichte

San roinn sgrìobhadh den phàipear cheistean, faodaidh tagraichean an tiotal, gnè-litreachais agus adhbhar a thaghadh. Gus ullachadh airson seo, dh'fhaodadh tagraichean grunn rannsachaidhean a dhèanamh thar sheòrsaichean agus gnèithean-litreachais.

Airson na roinne litreachas sa phàipear cheistean, bu chòir do thagraichean na sgilean is dòighean a leasachadh a tha a dhith gus aistean breithneachail a chruthachadh: gu cudromach, a' cruthachadh argamaid reusanta a tha a' dèiligeadh agus a' freagairt ri ceist shònraichte, agus a tha air a cumail air feadh pìos sgrìobhaidh leudaichte.

Cruthachadh theacsaichean Gàidhlig sgrìobhte a tha iom-fhillte agus ionnsaichte, air an eadar-theangachadh bhon Bheurla

Bu chòir do thidsearan is òraidichean tagraichean ullachadh gus an luchd-amais, adhbhar agus tòna chomharrachadh den teacsa Bheurla a tha iad ag eadar-theangachadh, a bharrachd air dèanamh cinnteach gu bheil an t-eadar-theangachadh Gàidhlig pongail gu teicnigeach. Bu chòir gu bheil am fòcas ga chur air co-ionannas daidhneamaigeach, seach co-ionannas foirmeil, airson 's gum biodh an aon bhuaidh aig an teacsa air an leughadair Ghàidhlig 's a bhiodh aig an teacsa thùsail air an leughadair Bheurla.

Cruthachadh cainnt labhairte a tha iom-fhillte agus ionnsaichte

San còmhraidh, faodaidh tagraichean fòcas a' chòmhradh a thaghadh. Gus ullachadh airson seo, gheibheadh tagraichean buannachd à rannsachadh a dhèanamh air eileamaid shònraichte de chànan, litreachas, meadhanan no cultar na Gàidhlig sa bheil ùidh aca, agus a bhiodh freagarrach airson còmhraidh brioghmhor aig an ìre seo. Rè a' chòmhradh, bu chòir do thagraichean gabhail orra a bhith a' cumail a' chòmhradh a' dol gun a bhith feumach air stuth deasaichte.

Eòlas agus tuigse air cànan

Mar phàirt de seo, tha tagraichean a' fàs nas sgileil agus nas uidheamaichte ann a bhith a' cleachdadh Gàidhlig a dh'aon ghnòthaich gus iad fhèin a chur an cèill ann an sgrìobhadh agus ann am briathran beòil. Tha seo cuideachd a' gabhail an riochd gum bithear a' rannsachadh a' chànan a tha shònraichte do na sgrìobhadairean agus gnèithean-litreachais a tha iad a' rannsachadh. Tha seo a' gabhail a-steach, far a bheil e iomchaidh, briathrachas airson breithneachas litreachais.

Nuair a tha iad a' cruthachadh nan teacsaichean aca fhèin, bu chòir do thagraichean beachdachadh air na sgilean seo, an taghadh agus an cur an gnìomh bho an cuid eòlais

agus tuigse air mar a tha sgrìobhadairean a' cleachdadh briathrachas litreachail thar caochladh ghnèithean-litreachais agus adhbharan.

Feumaidh beagan eòlais a bhith aig tagraichean air na prìomh dhòighean sam bi briathrachas litreachais ag obair, mar eisimpleir:

- ♦ bàrdachd: cruth, structar, pàtran nan rann, fonn bàrdail no pearsantachd, roghnachadh fhaclan, ìomhaigheachd, meatafor, comhardadh, ruitheam agus meatrachd, cuideam, fuaim, fonn, tònn
- ♦ rosg ficseanach: guth aithriseach, suidheachadh, fonn, caractarachd, cleachdadh meatafor, ìomhaigheachd, structar sheantansan, ath-aithris, samhla, contrarrachd, tònn, structar
- ♦ rosg neo-fhicseanach: roghnachadh fhaclan, cleachdadh meatafor, coimeasachadh, fiosrachadh nan ceudfathan, ìomhaigheachd agus samhlachas, structar sheantansan, ath-aithris, samhla, contrarrachd, tònn, structar no pàtran, cothromachadh
- ♦ dràma: fonn agus tònn, contrarrachd, caractarachd, gnàth-ìomhaigh, sgeig-aithris, fèin-labhairt, co-chòmhradh, saobh-thruasachd, timeachadh/stadan/ruitheam, stiùireadh an àrd-ùrlair, roghnachadh fhaclan, ìomhaigheachd, cleachdadh structar meatafor, neach-aithris/còisir, eileamaidean stoidhliche, brìgh phropachan, ceòl agus òrain, cliché, sunnd, ìoranas

Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg

Tha Àrd-Ìre Adhartach a' cur uallach nas motha air tagraichean, oir tha co-chuid nas àirde de rannsachadh neo-eisimeileach ann agus chan eil an uimhir de dh'aireachas orra. Bu chòir do thidsearan is òraidichean tagraichean a bhrosnachadh a bhith a' cleachdadh, nan cuid ionnsachaidh, dòigh-obrach a tha feòrachail, breithneachail agus a' fuasgladh cheistean.

Bu chòir gu bheil an cothrom aig tagraichean cuideachd sgilean rannsachaidh is sgrùdaidh a chleachdadh agus a leasachadh, a bharrachd air sgilean luachaidh agus mion-sgrùdaidh. Dh'fhaodadh cuid de na dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg a thathar a' moladh airson ìrean eile (gu h-àraid Àrd-Ìre) a bhith a' buntainn ri Àrd-Ìre Adhartach cuideachd, ach feumar cuideam nas treasa a bhith ga chur air ionnsachadh neo-eisimeileach. Le gnìomhachdan rannsachaidh is sgrùdaidh a' sìor-fhàs nas ionnsaichte, faodaidh cleachdadh teicneòlais fiosrachaidh is conaltraidh (ICT) cur ri leasachadh nan sgilean seo.

Tha an cùrsa a' tairgse mòran chothroman airson pearsanachadh agus roghainn, mar eisimpleir:

Faodaidh tagraichean:

- ♦ co-theacsaichean agus cuspairean a thaghadh a dh'fhaodadh an cuideachadh airson an còmhradh
- ♦ cothroman a bhith aca airson roghainn agus libhrigeadh a' chùrsa, far a bheil sin ìomchaidh (mar eisimpleir, a' cur romhpa gun toir iad seachad freagairt bheòil no freagairt sgrìobhte)
- ♦ targaidean is planaichean ionnsachaidh a chruthachadh dhaibh fhèin airson an cuid ionnsachaidh cànan

Faodaidh tidsearan is òraidichean:

- ♦ fios air ais a thoirt do thagraichean fa leth
- ♦ stuth agus modhan-obrach diofaraichte a thoirt seachad
- ♦ na dòighean-measaidh as fhreagarraiche a roghnachadh, a' toirt fa-near feumalachdan thagraichean fa leth

Rè a' chùrsa, bu chòir do thidsearan is òraidichean cothrom a thoirt do thagraichean:

- ♦ na sgilean conaltraidh Gàidhlig aca a mheudachadh le bhith a' leasachadh nan sgilean èisteachd, labhairt, leughadh agus sgrìobhadh agus eadar-theangachadh bho Bheurla gu Gàidhlig
- ♦ eòlas a leasachadh air structaran na Gàidhlig
- ♦ sgilean coitcheann a leasachadh leithid obair le daoine eile, sgilean rannsachaidh, sgilean ann a bhith a' taisbeanadh fiosrachadh agus ICT

Far a bheil goireasan a' leigeil, faodaidh teicneòlas taic a thoirt do dh'ionnsachadh, teagasg agus measadh, mar eisimpleir:

- ♦ a' cur phasganan-d ri chèile agus gan glèidheadh
- ♦ rannsachadh stèidhichte air an lion (mar eisimpleir, mar ullachadh airson an còmhraidh)
- ♦ ag èisteachd agus a' freagairt ri pod-chraolaidhean agus a' cruthachadh feadhainn ùra
- ♦ a' cleachdadh fòraman air-loidhne airson còmhraidh
- ♦ a' cleachdadh àrainneachdan ionnsachaidh bhiortail (VLE)
- ♦ co-labhairtean bhidio
- ♦ a' cleachdadh ghoireasan is tasglannan Gàidhlig air-loidhne
- ♦ a' cur a-steach obair mheasaichte tro VLE agus/no post-d
- ♦ a' cleachdadh mheadhanan sòisealta
- ♦ a' cleachdadh mheadhanan leithid telebhisean, rèidio agus làraichean-lìn sa Ghàidhlig

Bu chòir do thagraichean com-pàirteachadh ann an caochladh ghnìomhachdan ionnsachaidh, mar eisimpleir:

- ♦ a' rannsachadh fiosrachadh seach a' faighinn fiosrachadh bhon tidsear no òraidiche
- ♦ a' cleachdadh ghnìomhachdan ionnsachaidh a tha gnìomhach agus fosgailte, leithid rannsachadh agus gnìomhachdan taisbeanaidh
- ♦ a' cleachdadh an eadar-lìn gus cùisean sònraichte a sgrùdadh agus co-dhùnaidhean a tharraing
- ♦ a' com-pàirteachadh ann an leughadh farsaing neo-eisimeileach
- ♦ a' clàradh toraidhean rannsachaidh is sgrùdaidh neo-eisimeilich bho dhiofar thùsan ann an dòigh eagarach
- ♦ a' taisbeanadh toraidhean rannsachaidh is sgrùdaidh neo-eisimeilich ann an taisbeanadh
- ♦ obair-bhuidhne le comhaoisean, far a bheil sin iomchaidh, agus a' cleachdadh chothroman ionnsachadh co-obrachaidh gus obair sgioba a leasachadh
- ♦ deasbad is còmhraidh fiosraichte le comhaoisean far am faod iad sgilean a nochdadh ann

a bhith a' togail agus a' cumail loidhnichean argamaid gus dùbhlán agus mealadh a thoirt seachad, farsaingeachd, agus doimhneachd gu ionnsachadh

- ◆ a' tarraing cho-dhùnaidhean bho fhiosrachadh iom-fhillte agus ionnsaichte
- ◆ a' cleachdadh sgilean conaltraidh is taisbeanaidh, sgrìobhte agus/no labhairte, iom-fhillte agus ionnsaichte, gus fiosrachadh a thaisbeanadh
- ◆ a' cleachdadh ghoireasan teicneòlasach iomchaidh (mar eisimpleir, goireasan stèichichte air an lìon)
- ◆ a' cleachdadh goireasan nam meadhanan iomchaidh (mar eisimpleir, clipean bhidio, faidhlichean fuaim tasglannaichte, clàraidhean òrain, bàird no seanchaidhean)
- ◆ a' nochdadh leasachadh, feabhas agus fineachadh a thaobh dhòighean is cleachdaidhean
- ◆ a' cleachdadh cho-theacsaichean is gnàth-eòlasan fìor-bheatha a bhuineas ri tagraichean gus sgilean, eòlas agus tuigse a leasachadh
- ◆ sgrìoban-blàir agus turasan-ionnsachaidh

Bu chòir do thidsearan is òraidichean taic a thoirt do thagraichean le bhith a' cur air dòigh còmhraidhean cunbhalach leotha agus a' toirt dhaibh fios air ais gu cunbhalach. Faodaidh grunn ghnìomhachd ionnsachaidh is teagaisg tachairt air stèidh buidhne agus, far a bheil seo a' tachairt, dh'fhaodadh tagraichean fios air ais fhaighinn bho an comhaisean.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean cothroman a thoirt seachad gus ionnsachadh a phearasachadh far an gabh sin dèanamh. Tha an sùbailteachd ann an cùrsaichean Àrd-Ìre Adhartach, agus an neo-eisimeileachd leis am bi tagraichean a' gabhail an obair os làimh, a' feagairt gu math ris an dòigh-obrach seo. Bu chòir do thidsearan is òraidichean cothroman a chruthachadh, agus a chleachdadh, gus modhan-obrach in-ghabhalta a thaobh ionnsachadh is teagasg le bhith a' brosnachadh caochladh ro-innleachdan ionnsachaidh is teagasg a tha a' freagairt ri feumalachdan nan tagraichean uile.

Dòighean-obrach a thaobh cruthachadh theacsaichean sgrìobhte a tha iom-fhillte agus ionnsaichte

Bu chòir do thagraichean:

- ◆ eòlas fhaighinn air iomadh diofar ghnè-litreachais, a' gabhail a-steach ficsean agus neo-fhicsean, agus leughadh le tùralachd
- ◆ leasachadh sgilean mion-sgrùdaidh neo-eisimeileach le bhith a' beachdachadh air co-chiallachaidhean nam faclan a tha a' toirt seachad dàimh leis an leughadair agus/no èistear
- ◆ coinneachadh ri sgrìobhadairean proifeiseanta, far a bheil sin comasach

Dòighean-obrach a thaobh litreachas

Bu chòir do thagraichean:

- ◆ tachairt air caochladh farsaing de litreachas agus freagairt mar neach fa leth
- ◆ raointean de dh'ùidh phearsanta a rannsachadh agus a cho-phàirteachadh le an comhaisean agus tidsear no òraidiche

- ♦ ionnsachadh mu raon de fheartan gnè-litreachais tro eacarsaichean breithneachail agus mac-meanmnach a leigeas leotha cruthan litreachais buntainneach a' mhion-sgrùdadh, luachadh agus tuigse orra a nochdadh
- ♦ obair gu neo-eisimeileach agus gu co-obrachail gus stuthan ionnsachaidh a chruthachadh far am feumar teacsa litreachail a leughadh agus mion-sgrùdadh bhreithneachail a thoirt seachad air, agus freagairt bhreithneachail leudaichte a bharrachd a chomasachadh
- ♦ pàirt a ghabhail ann an gnìomhachdan coltach ri buidheann-teagaisg gus an ullachadh airson foghlam adhartach no cosnadh

Dòighean-obrach a thaobh eadar-theangachadh

Bu chòir do thagraichean:

- ♦ caochladh farsaing de sheòrsaichean teacsaichean sgrìobhte is labhairte a rannsachadh (mar eisimpleir, breithneachail, foincseanach, fiosrachail, ìmpidheach), a' comharrachadh cho cudromach 's a tha luchd-amais agus adhbhar agus a' leasachadh dhòighean gus faireachdainn an teacsa thùsail a chumail sa chànan targaid
- ♦ sgrùdadh a dhèanamh air teacsaichean sgrìobhte a chaidh eadar-theangachadh mar-thà, agus pongalachd is èifeachdas nan eadar-theangachaidhean seo a luachadh

Ag ullachadh airson measadh cùrsa

Tha na gnìomhan a dh'fhaodadh tagraichean a chuideachadh gus ullachadh airson measadh cùrsa a' gabhail a-steach:

- ♦ a' taghadh chuspairean, a' tional agus a' rannsachadh fiosrachadh, a' luachadh agus a' mion-sgrùdadh toraidhean, a' leasachadh agus a' fireanachadh cho-dhùnaidhean, agus a' taisbeanadh an fhiosrachaidh
- ♦ a' toirt sùil air pàipearan cheistean sampail agus/no obair-chùrsa
- ♦ a' dèanamh ullachadh le dòighean a' phàipeir cheistean, agus ag ath-sgrùdadh airson a' phàipeir cheistean
- ♦ a' soilleireachadh riatanasan an dèanadais agus an taic ris am faod a bhith an dùil

Pàipear cheistean: Sgrùdadh

'S e deuchainn leughaidh a tha sa phàipear cheistean Sgrùdadh. Tha am pàipear cheistean seo na chothrom do thagraichean na sgilean mion-sgrùdaidh breithneachail aca a nochdadh air dà theacsa Ghàidhlig a tha iom-fhillte is ionnsaichte, agus nach fhaca iad roimhe: aon ficseanach agus aon neo-fhicseanach.

Ann a bhith ag ullachadh airson a' phàipeir cheistean seo, bu chòir do thidsearan is òraidichean cothroman a thoirt do thagraichean leughadh gu farsaing thar diofar ghnèithean-litreachais, stoidhlichean agus amannan. Faodaidh tidsearan is òraidichean seo a dhèanamh ann an dòigh chunbhalach, neo-fhoirmeil le bhith a' cur thagraichean an aithne altan pàipeir-naidheachd a tha breithneachail, a bharrachd air teacsaichean litreachais. Dh'fhaodadh tagraichean freagairt riutha seo ann an còmhradh buidhne, no ann am freagairtean goirid, air an sgrìobhadh ann an ùine chuibhrichte. An dèidh ghnìomhachdan stiùirichte leis an tidsear no òraidiche an toiseach, dh'fhaodadh tagraichean fhèin às-tharraingean a lorg agus a mholadh airson còmhradh agus mion-sgrùdadh.

Bu chòir do thagraichean feuchainn ri com-pàirteachadh gu h-iomlan leis an teacsa thaghte, a' dèiligeadh ris ann an spiorad feòrachais, agus a' cleachdadh sgilean breithneachaidh agus briathrachas sgrùdaidh a tha a dhìth gus mion-sgrùdadh a dhèanamh air na thug iad fa-near. Thathar a' moladh gum bu chòir nòtachadh a dhèanamh (mar eisimpleir, a' cur loidhne fo nithean, gan soillseachadh, gan cearcallachadh) air an às-tharraing a tha air a chlò-bhualadh sa phàipear cheistean. Tha seo a' cuideachadh le bhith a' dèanamh taghaidhean bhon teacsa airson mion-sgrùdadh. Dh'fhaodadh e bhith cuideachail do thagraichean seata de cheistean anailiseach, no faclan cuir an cuimhne agus iad a' tòiseachadh air com-pàirteachadh leis an teacsa, mar eisimpleir:

Bàrdachd

- ♦ Dè an cruth a tha aig an dàn? A bheil cumadh no pàtran so-aithneachail ann? A bheil ruitheam ceangailte ri seo?
- ♦ A bheil labhraiche ann no pearsantachd? Dè an guth bàrdail a th' ann?
- ♦ A bheil tòn soilleir ann, no a bheil seo a' gluasad is ag atharrachadh? Ma tha, càite, agus carson?
- ♦ A bheil fuaim ga chleachdadh mar fheart follaiseach?

- ◆ A bheil ìomhaigheachd ga cleachdadh? A bheil prìomh ìomhaigh ann a tha a' ruith tron dàn, agus a bheil an ìomhaigh air a h-atharrachadh no air a leasachadh?
- ◆ Dè na faclan cudromach san dàn? Dè na faclan air a bheilear a' cur cuideam?
- ◆ Dè na prìomh uallaichean no beachdan a tha gan rannsachadh san teacsa?

Rosg neo-fhicseanach

- ◆ Dè a' ghnè-litreachais às a bheil an teacsa?
- ◆ Dè an suidheachadh no cùis air a bheilear a' toirt tuairisgeul san teacsa? Dè air a bheilear a' toirt tuairisgeul no a' deasbad?
- ◆ Cuin a tha seo a' tachairt?
- ◆ Cò an neach-aithris a th'ann? An e an sgrìobhadair fhèin a th' ann no pearsa? An e sealladh a' chiad phearsa a th'ann?
- ◆ Cò an luchd-amais a thathar an dùil?
- ◆ Dè an tòn a tha ga chleachdadh? A bheil seo ag atharrachadh idir? Carson?
- ◆ A bheil puingean inntinneach sam bith ann a thaobh structar? A bheil e a' leantainn sreath-tìde? A bheil brìgh sna paragrafan a thathar a' cleachdadh?
- ◆ A bheil an sgrìobhadair a' cleachdadh stoidhle shònraichte? A bheil ìomhaigheachd ga cleachdadh, no taghadh fhaclan sònraichte? A bheil rud sam bith inntinneach mu dheidhinn structar nan seantansan?
- ◆ A bheil an sgrìobhadair a' feuchainn ri argamaid shoilleir no sealladh sònraichte a chur air adhart?

Airson a' mheasaidh, bu chòir gu bheil mion-sgrùdadh thagraichean roghnachail agus stèidhichte air fianais, a' nochdadh aire air mar a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh dhòighean gu gnìomhach agus a dh'aona-ghnothach gus a' bhuaidh as motha fhaighinn, agus gus prìomh uallaichean a chur an cèill. Bu chòir do thagraichean prìomh fhòcas nan ceistean a chleachdadh mar chobhair air dè bu chòir dhaibh a lorg, agus airson na susbainte a chleachdas iad ann an loidhne freagairt a tha buntainneach. Bu chòir do thagraichean dèiligeadh ris na ceistean, agus amas air eòlas is tuigse a nochdadh air raon de dhòighean litreachail, far a bheilear ag iarraidh. Mar eisimpleir, bu chòir gum bi freagairt air bàrdachd a' beachdachadh air barrachd is roghnachadh fhaclan is ìomhaigheachd.

Nam freagairtean, bu chòir do thagraichean seasamh luachaidh a ghabhail os làimh (a' sealltainn cho cudromach is cho èifeachdach 's a tha dòighean no taobhan eile), agus briathrachas breithneachail a chleachdadh le misneachd. Bu chòir do thagraichean freagairt ann an rosg leantainneach is co-thaobhach, no ann am puingean-peileir leudaichte. Bu chòir gu bheil freagairtean nan fhìor rannsachaidhean mion-sgrùdaidh air na teacsaichean, a' beachdachadh, mar eisimpleir, air raon de bhrìghean a dh'fhaodadh a bhith ann no air ceistean a chaidh a thogail leis an sgrìobhadair. Dh'fhaodte gum feuchadh tagraichean a' bhrìgh a chaolachadh gu aithris shingilte; ach faodaidh brìgh gabhail a-steach ìrean iom-fhillte, agus bu chòir do thagraichean a bhith a' faireachdainn cofhurtail ag aithneachadh raon de bhrìghean a dh'fhaodadh a bhith ann.

Pàipear cheistean: Litreachas agus Sgrìobhadh

Earrann 1: Litreachas

Sgrìobhaidh tagraichean aon aiste bhreithneachail mar fhreagairt air aon cheist a thaghas iad à raon de cheistean roghainneil air na gnèithean dràma, rosag agus bàrdachd. Tha raon de cheistean thar nan gnèithean-litreachais a' leigeil le tagraichean a' speisealachadh san rannsachadh aca air teacsaichean agus/no sgrìobhadairean.

Bu chòir do thagraichean na dòighean litreachail airson sgrìobhadh a rannsachadh, gu h-àraid na dòighean a tha sònraichte ri gnèithean-litreachais fa leth agus a tha cleachdte leis na sgrìobhadairean is teacsaichean a rannsaich iad mar phàirt den chùrsa. Bu chòir do thidsearan is òraidichean aire air stoidhle sgrìobhadair a bhrosnachadh, a' leigeil le tagraichean mion-sgrùdadh a ghabhail os làimh de dhòighean nan sgrìobhadairean a thagh iad fhèin. Bu chòir do thagraichean rannsachadh dhèanamh air iom-fhillteachd an sgeòil, structar agus cànan co-chiallach, meataforach; mar a bhios sgrìobhadairean a' cleachdadh seo gus brìgh agus buaidh a neartachadh; agus mar a tha iad ceangailte ri cùisean cuspaireil.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean tagraichean a bhrosnachadh gus ceanglaichean a lorg eadar teacsaichean a tha iad a' rannsachadh. Dh'fhaodadh tagraichean ceistean a chur orra fhèin, mar eisimpleir:

- ◆ A bheil prìomh uallaichean coitcheann a' ruith tro shreath de dhàin, no thar dà nobhail no dà dhealbh-chluich?
- ◆ A bheil feartan stoidhle ann a tha coitcheann, no diofaraichte?
- ◆ A bheil caractaran gan làimhseachadh, no gan tarraing, ann an dòighean co-choltach ann an dà nobhail no ann an dà dhealbh-chluich?
- ◆ A bheil samhlaichean mar fheart coitcheann? No ìoranas?
- ◆ A bheil an aon dòigh-aithris ga cleachdadh?
- ◆ A bheil bàrd a' toirt air, no a' cleachdadh, pearsa? Carson?

Nuair a tha iad a' sgrìobhadh aiste bhreithneachail, bu chòir do thagraichean an fhreagairt aca a phlanadh, a' beachdachadh air structar fhad 's a tha iad a' cur romhpa loidhne-smuaine no loidhne-argamaid shoilleir. Taobh a-staigh na h-aiste, bu chòir gu bheil mion-sgrùdadh air cheann ghnothaichean: bu chòir gu bheil argamaid an tagraiche a' beachdachadh air prìomh bhriathran na ceiste, agus gu bheil mion-sgrùdadh bhreithneachail a' ruith troimhe mar shnàithlean. Cha bu chòir gu bheil i mar shreath de bharailean neo-cheanglaichte air na teacsaichean. Gus seo a choileanadh gu soirbheachail, tha feum ann air planadh.

Dh'fhaodte gur e a' chiad ìre de phlanadh a bhith a' cruinneachadh smuaintean a tha ag èirigh mar thoradh air a' cheist. Dh'fhaodadh tagraichean an uair sin nòtachadh mar a thaghas iad fianais iomchaidh (mar eisimpleir, prìomh mhòmaidean de chòmhstri no frionas, caractarachd, prìomh ìomhaighean no shamhlaichean), agus mar a tha iad ceangailte ris na prìomh uallaichean. Sa phàipear cheistean Litreachas agus Sgrìobhadh, tha ùine gu leòr ann airson seo a dhèanamh.

Structar aiste	Bu chòir do thagraichean:
Ro-ràdh	♦ dèiligeadh ri (agus ma dh'fhaodte mìneachadh) prìomh bhrìathran na ceiste, a' mìneachadh buntainneachd ris na teacsaichean roghnaichte ♦ ceanglaichean a dhèanamh le prìomh uallaichean no cuspairean ♦ garbh-innse a thoirt seachad air susbaint na h-argamaid no loidhne-smuaine a thathar a' moladh
Prìomh phàirt na h-aiste	♦ na puingeann no taobhan a thogadh san ro-ràdh, is dòcha ann am paragrafan fa leth, a chomharrachadh agus a rannsachadh ♦ dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile paragraf buntainneach do loidhne na smuaine agus nach eil anna ach mion-sgrùdadh bhreithneachail bhuntainneach ♦ fianais dhìreach a tharraing bho na teacsaichean agus mion-sgrùdadh a dhèanamh oirre ann an dòigh a tha buntainneach don argamaid ♦ aithris sam bith de bharail a tha gun taic a sheachnadh, agus stèidhich ceanglaichean eadar paragrafan
Co-dhùnadh	♦ co-dhùnadh freagarrach a dhèanamh, a tha a' toirt ri chèile diofar thaobhan na h-argamaid no loidhne-smuaine, a' gabhail a-steach: — iomradh air brìathran na ceiste — cnuasachadh no beachdachadh a bharrachd no rèis airson deasbad

Earrann 2: Sgrìobhadh

Tha an roinn Sgrìobhaidh a' measadh a' chomais a th' aig tagraichean gus teacsaichean sgrìobhte iom-fhilte agus ionnsaichte a chruthachadh. Tha tagraichean a' sgrìobhadh aon aiste, a' taghadh aon tìotal bho roghainn de dh'òchd. Faodaidh tagraichean freagairt le bhith a' cleachdadh gnè-litreachais sam bith, nì a tha a' leigeil leotha pearsanachadh agus roghainn.

Bu chòir do thagraichean cothroman a lorg gus sgilean sgrìobhaidh a chleachdadh, agus oidhirp a dhèanamh gus na sgilean a dh'ionnsaicheas iad bho an cuid rannsachaidhean air sgrìobhadairean sònraichte, agus gnèithean-litreachais, a chur an gnìomh san sgrìobhadh aca fhèin.

Gabhaidh teagasg is ionnsachadh sgilean sgrìobhaidh amaladh ann an obair air taobhan eile den chùrsa. Faodaidh beagan speisealachd ann an gnè-litreachais tagraichean a chuideachadh an seo. Mar eisimpleir, ma tha tagraichean an dùil bàrdachd a sgrìobhadh, bu chòir dhaibh a bhith a' rannsachadh bàrdachd ann an raointean eile den chùrsa ann an ullachadh airson roinn an litreachais agus airson a' phàipeir cheistean Sgrùdaidh.

Dh'fhaodadh tagraichean a bhith ag amas air stoidhle sgrìobhaidh dhaibh fhèin a lorg tro oidhirpean a bhith ag atharraich na stoidhle a tha aig sgrìobhadair air a bheil iad mion-eòlach. Tha deuchainneadh a thaobh adhbharan, gnèithean-litreachais agus co-theacsaichean ion-mhiannaichte, airson 's gum faod tagraichean seòrsaichean sgrìobhaidh a lorg a tha a' freagairt san dòigh as fheàrr ri am feumalachdan is leasachadh.

Feumaidh a h-uile sgrìobhadh aire a shealltainn air cumadh, cruth agus structar. Aig a' char as sìmplidhe, tha seo a' ciallachadh toiseach, prìomh phàirt, agus co-dhùnadh. Tha, agus bu chòir gu bheil, cumadh, cruth agus structar mar thaobhan cudromach den phròiseas airson teacsa sgrìobhte a thogail, agus faodaidh iad buaidh bhrìoghmhor a thoirt seachad.

Ann an sgrìobhadh a tha an ìre mhath cruthachail, bu chòir do thidsearan is òraidichean tagraichean a bhrosnachadh gus am mac-meanmna a chleachdadh, an dà chuid airson sgrìobhadh mac-meanmnach agus far a bheil iad a' rannsachadh a' ghnàth-eòlais fhìor-bheatha aca fhèin. Nuair a tha iad a' sgrìobhadh mun ghnàth-eòlas phearsanta aca, bu chòir do thagraichean a nochdadh gu bheil iad air a bhith an sàs ann, agus gu bheil iad air cnuasachadh air an gnàth-eòlas. Bu chòir gu bheil cnuasachadh follaiseach gu soilleir: cha bu chòir gu bheil an sgrìobhadh mar chunntas thachartasan.

Airson neo-fhicsean, tha e deatamach gu bheil tagraichean a' fàs eòlach air sgrìobhadh neo-fhicsein far a bheil cothrom aca air cùisean a tha cudromach gu h-ionadail, gu nàiseanta no gu h-eadar-nàiseanta a rannsachadh, no cùisean far a bheil brìgh phearsanta ann dhaibh. Coltach ri sgrìobhadh breithneachail ann an roinn an litreachais den phàipear cheistean, tha loidhne-smuaine no loidhne-argamaid cudromach, agus dh'fhaodadh tagraichean buannachd fhaighinn à roghnachadh thiotalan air a bheil ùidh no fiosrachadh aca mar-thà, mar eisimpleir stèidhichte air rannsachadh a rinn iad airson an còmhraidh aca.

Dh'fhaodadh gu bheil 'sgleòthadh' ann eadar fo-ghnèithean-litreachais sònraichte: fiosrachail, argamaideach agus ìmpidheach. Mar eisimpleir, ann am pìos sgrìobhaidh aig a bheil prìomh adhbhar fiosrachail, dh'fhaodadh eileamaidean argamaideach no ìmpidheach a bhith ann; dh'fhaodadh meòmhrachadh phearsanta a bhith iomchaidh cuideachd. Is tric gu

bheil seo fìor a thaobh an sgrìobhaidh a gheibhear ann an altan-naidheachd nas leudaichte (*feature writing*), far is àbhaist gu bheil claonadh no stoidhle fa leth aca: an seo dh'fhaodadh an tagraiche ìre-chànain, tòn agus guth atharrachadh gus mion-diofaran conaltraidh a thoirt seachad.

Ann an ullachadh airson na roinne seo den phàipear cheistean, bu chòir do thidsearan is òraidichean tagraichean a bhrosnachadh gus sùil bhreithneachail a thoirt air an sgrìobhadh aca fhèin agus pàirtean dheth ath-dhreacadh no ath-obrachadh. Sna pàipearan cheistean Litreachas agus Sgrùdadh, bidh freagairtean luachaidh do litreachas iom-fhillte is ionnsaichte a' cuideachadh tagraichean gus breithneachadh beachdaichte a dhèanamh air an cuid sgrìobhaidh fhèin. Dh'fhaodadh na h-eisimpleirean de cheistean smuainteachail a leanas a bhith cuideachail do thagraichean:

- ◆ A bheil cumadh, cruth, structar soilleir ann?
- ◆ A bheil an cànan a' comharrachadh prìomh uallaichean, leithid loidhne-smuaine?
- ◆ A bheil cànan ga chleachdadh gu h-èifeachdach?
- ◆ A bheil an roghainn cànan inntinneach agus a' togail ùidh an leughadair?
- ◆ A bheil an toiseach a' glacadh ùidh is aire an leughadair gu leòr?
- ◆ A bheil pongalachd theicnigeach ga cumail suas air feadh a' phìos sgrìobhaidh?

Pàipear cheistean: Eadar-theangachadh

Tha am pàipear cheistean Eadar-theangachadh a' measadh a' chomais a th' aig tagraichean teacsa Beurla sgrìobhte neo-fhicseanach eadar-theangachadh gu Gàidhlig sgrìobhte. Mar phàirt den phàipear cheistean, tha tagraichean a' comharrachadh agus a' mac-samhlachadh luchd-amais, adhbhar agus tòn an sgrìobhadair.

Bu chòir do thagraichean ullachadh a dhèanamh le bhith ag eadar-theangachadh theacsaichean bho thùsan sa Bheurla, mar eisimpleir:

- ◆ bileagan
- ◆ earrainnean à sgeulachdan pàipeir-naidheachd
- ◆ earrainnean à altan-naidheachd
- ◆ stiùireadh

Airson briathrachas a tha teicnigeach no sònraichte don teacsa, tha beag-fhaclair ann airson tagraichean, le nithean san fhoirm fhreumach aca. Bu chòir do thagraichean ullachadh a dhèanamh le bhith a' cleachdadh agus ag atharrachadh nam briathran a gheibhear sa bheag-fhaclair, far a bheil sin riatanach, gus freagairt ri gràmar an t-seantans.

Bidh tòrr den ullachadh airson na roinne rosg den phàipear cheistean Sgrùdadh buntainneach an seo cuideachd. Gus cuideachadh le comharrachadh luchd-amais, adhbhar agus tòn an teacsa Bheurla, bu chòir do thagraichean ceistean den leithid a leanas a chur orra fhèin:

- ◆ Dè an suidheachadh? Dè air a bheilear a' toirt tuairisgeul no a' beachdachadh?
- ◆ Cuin a tha seo a' tachairt?

- ◆ Cò an sgrìobhadair? A bheil e air a sgrìobhadh sa chiad phearsa?
- ◆ Dè an tòn a tha ga chleachdadh? A bheil seo ag atharrachadh idir? Carson?
- ◆ A bheil puingean inntinneach sam bith ann a thaobh structar?
- ◆ A bheil e a' leantainn sreath-tìde? A bheil ìomhaigheachd ga cleachdadh, no taghadh fhaclan sònraichte? A bheil rud sam bith inntinneach ann a thaobh structar nan seantansan?
- ◆ A bheil an sgrìobhadair a' feuchainn ri argamaid shoilleir no sealladh sònraichte a chur an cèill, no a bheil e nas mion-ghrinne?

Fhad 's a tha iad a' dearbhadh an eadar-theangachaidh Ghàidhlig aca, bu chòir do thagraichean ceistean den leithid seo a chur orra fhèin:

- ◆ A bheil mi air an aon cho-dhealbhachd, agus an t-aon structar a thaobh seantansan is paragrafan, a mhac-samhlachadh?
- ◆ A bheil tràthan agus guth (gnìomhach agus fulangach) gan cumail gu dìleas mar a tha iomchaidh?
- ◆ A bheil a' chainnt fhoirmeil agus/no neo-fhoirmeil a' mac-samhlachadh tòn agus ìre-chànain an teacsa thùsail?
- ◆ A bheil mi air gnàthasan-cainnt agus dòighean-labhairt co-ionann a chleachdadh, seach eadar-theangachadh litearail, far a bheil sin iomchaidh?
- ◆ Am biodh an aon bhuaidh aig an eadar-theangachadh air leughadair an tionndaidh Ghàidhlig 's a bhiodh aig an tionndaidh thùsail?
- ◆ A bheil mi air briathran sam bith a tha sa bheag-fhaclair a chleachdadh gu freagarrach?

Tha pongalachd theicnigeach mar eileamaid dheatamach san stiùireadh air comharrachadh, agus bu chòir do thagraichean sùil gheur a chumail air:

- ◆ litreachadh
- ◆ puingeachadh, gu h-àraid stràcan agus asgairean
- ◆ gnè
- ◆ foirmeachadh iolra
- ◆ co-aonta buadhaireach, far a bheil e riatanach
- ◆ atharrachaidhean is teàrnaidhean nan tuiséalan, mar eisimpleir ginideach agus roimhearach
- ◆ gnìomhairean mòdail agus mùthadh-ionaid gan cleachdadh gu ceart, far a bheil e freagarrach

Obair-chùrsa Còmhradh

Bu chòir gu bheil tagraichean cleachdte ri còmhradh ris an tidsearan is òraidichean sa Ghàidhlig, agus mar sin bu chòir gu bheil an còmhradh a' tighinn dhaibh gu nàdarra. Bu chòir gu bheil am fòcas ga chur air còmhradh fìor leis an neach-measaidh thadhalach, seach air sreath de thaisbeanaidhean goirid deasaichte.

Tha na cuspairean airson còmhraidh sa mhòr chuid airson an tagraiche, ach bu chòir dhaibh a bhith deiseil còmhraidh a dhèanamh gu mionaideach air:

- ♦ litreachas sam bith a rannsaich iad mar phàirt den chùrsa, a' cur fòcas chan ann a-mhàin air susbaint ach air feartan cànan sònraichte den litreachas
- ♦ rannsachadh pearsanta sam bith a ghabh iad os làimh rè a' chùrsa
- ♦ cùisean sam bith eile air an gabhadh còmhraidh ann an doimhneachd, a' cleachdadh cainnt iom-fhillte is ionnsaichte

Feumaidh tagraichean a bhith gu math eòlach air na cuspairean taghte is litreachas aca. Bu chòir dhaibh misneachd a leasachadh gus am bi iad for-ghnìomhach ann an còmhraidhean, gan stiùireadh gu raointean far a bheil iad a' faireachdainn nas cofhurtaile, seach a' strì a bhith a' nochdadh an comasan cànan air cuspair air nach eil iad eòlach.

Ged nach eil riatanas ann an Àrd-Ìre Adhartach Gàidhlig airson tagraichean a bhith a' gabhail os làimh pròiseact rannsachaidh pearsanta, 's e aon de na dòighean as fheàrr airson tagraichean a bhith ullaichte airson an còmhraidh. Far a bheil cuspair aca sa bheil ùidh phearsanta aca, còmhla ris an eòlas, susbaint agus briathrachas is structaran cànan ceangailte, bidh seo a' leigeil le tagraichean a bhith a' faireachdainn misneachail, agus air an socair, nuair a tha iad a' còmhraidh ris an neach-sgrùdaidh thadhalach.

Bu chòir do thidsearan is òraidichean tagraichean a dhèanamh mothachail nach e dìreach taisbeanaidhean air cùisean firinneach a tha sna còmhraidhean as fheàrr, no agallamhan ceist is freagairt, ach fìor cho-chòmhraidhean. Bu chòir gu bheil am fòcas ga chur air iomlaid smuaintean is beachdan, leis na tagraichean fhèin a' feuchainn gus an uimhir as motha 's a ghabhas den chòmhraidh a stiùireadh. Ma tha tagraichean a' faighinn cothrom cunbhalach air còmhraidhean-buidhne a stiùireadh no a bhith sa chathair annta, 's e sin sàr-dhòigh sam faodar an sgilean a leasachadh airson an còmhraidh.

Leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh

Bu chòir do thidsearan is òraidichean cothroman a chomharrachadh air feadh a' chùrsa airson tagraichean a bhith a' leasachadh sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh.

Bu chòir do thagraichean a bhith mothachail air na sgilean a tha iad a' leasachadh agus faodaidh tidsearan is òraidichean comhairle a thoirt seachad mu chothroman gus an cleachdadh agus an leasachadh.

Chan eil SQA a' dèanamh measadh foirmeil air sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh.

Dh'fhaodadh gum bi cothroman ann cuideachd sgilean a bharrachd a leasachadh a rèir na dòigh-obrach a bhios gach ionad a' cleachdadh gus an cùrsa a lìbhrigeadh. Tha seo airson tidsearan is òraidichean fa leth a riaghladh.

Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh	Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg
1 Litearrachd	1.1 Leughadh Dh'fhaodte seo a leasachadh le gnìomhachdan a tha: ♦ a' gabhail a-steach teacsaichean ficseanach agus neo-fhicseanach ♦ a' cleachdadh còmhraidh gus tagraichean a chuideachadh a bhith a' dol an sàs ann an teacsaichean agus na beachd-smuainean annta a chomharrachadh, agus gus an cànan a thathar a' cleachdadh a mhion-sgrùdadh agus a luachadh Dh'fhaodadh na leanas a bhith am measg nan gnìomhachdan a bheir taic do thagraichean beachdan aithneachadh an lùib theacsan, agus gus an cànan a thathar a' cleachdadh a mhion-sgrùdadh agus a luachadh: ♦ a' cur is a' freagairt cheistean ♦ a' dèanamh choslasan agus contrarrachdan eadar teacsaichean, gach cuid taobh a-staigh agus thar ghnèithean-litreachais ♦ a' dèanamh iomradh air feartan cànan ♦ a' dèanamh geàrr-chunntas, a' soilleireachadh is a' ro-innse ♦ a' coileanadh teacsa ♦ a' fòcasachadh air luchd-amais agus adhbhar theacsaichean 1.2 Sgrìobhadh Dh'fhaodte tagraichean a bhrosnachadh an sgrìobhadh a phlanadh le: ♦ a' cruthachadh fhreagairtean diagramach ♦ còmhraidh chomhaoisean far a bheil iad a' beachdachadh air a' ghnè-litreachais, luchd-amais agus adhbhar an sgrìobhaidh aca Gus an cuid sgrìobhaidh a leasachadh, bu chòir do thagraichean: ♦ beachdachadh air structar agus co-dhealbhachd ♦ seantansan a thogail, le ceanglaichean

Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh	Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg
	♦ paraGRAFAN a phlanadh ♦ seantANSAN cuspair agus seantANSAN co-dhùnaidh a chleachdadh ♦ briathrachas a leasachadh ♦ sgilean teigniceach leasachadh ann an gràmar, puingeachadh agus litreachadh ♦ plana airson sgrìobhadh a chleachdadh ♦ tionndaidhean Gàidhlig de theacsaichean ceangailte ris an rannsachadh aca a chruthachadh, far a bheil a dhìth orra, gus ullachadh airson an còmhraidh ♦ choslasan agus contrarrachdan a dhèanamh eadar teacsaichean a chaidh eadar-theangachadh mar-thà 1.3 Èisteachd agus còmhraidh Far a bheil e iomchaidh, broснаich tagraichean a bhith a' cleachdadh sgilean cànan abairteach, gu h-àraid bho shuidheachaidhean fìor-bheatha agus obrach. Dh'fhaodadh gnìomhachdan gabhail a-steach: ♦ a' cur is a' freagairt cheistean ♦ ag èisteachd airson, agus a' dèanamh, choimeasan agus/no contrarrachdan ♦ a' dèanamh gearr-chunntas, a' soilleireachadh is a' ro-innse ♦ a' gabhail nòtaichean ♦ a' fo-thìotaladh craolaidhean, no a' dèanamh choslasan agus contrarrachdan le craolaidhean a chaidh fo-thìotaladh mar-thà ♦ a' dèanamh gearr-chunntas air òraidean
5 Sgilean smaoineachaidh	5.3 Cur an gnìomh Brosnaich tagraichean a bhith a' cur an gnìomh na sgilean gu h-àrd gus an t-eòlas is an tuigse aca air cànan is litreachas a dhaingneachadh. Tha ro-innleachdan a' gabhail a-steach: ♦ cur an gnìomh briathran litreachail leithid gnè-litreachas, cruth, structar, seasamh, tò, fonn, guth, pearsantachd do chaochladh farsaing de theacsaichean

Sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh	Dòighean-obrach a thaobh ionnsachadh is teagasg
	♦ ullachadh a dhèanamh air rannsachadh nan dàimhean eadar teacsa agus co-theacsa le bhith a' cleachdadh teòiridh litreachail iomchaidh 5.4 Mion-sgrùdadh agus luachadh Brosnaich tagraichean a bhith a' dèanamh nan sgilean mion-sgrùdaidh agus luachadh mar phàirt de na gnìomhachdan làitheil aca. Tha iad seo a' gabhail a-steach: ♦ còmhraidh, coltach ris an t-seòrsa a gheibhear ann am buidheann-teagaisg, air èifeachdas diofar sheòrsaichean sgrìobhaidh ♦ gnìomhachdan coimeasach agus measadh chomhaisean air mar a ghabhadh an cuid sgrìobhaidh, no sgrìobadh dhaoine eile, a leasachadh ♦ a' mion-sgrùdadh agus a' luachadh dàta a chaidh a thional mar phàirt den ullachadh aca airson an còmhraidh 5.5 Cruthachadh Brosnaich tagraichean a bhith a' rannsachadh an raoin de ro-innleachdan a tha sgrìobhadairean a' cleachdadh gus brìgh a chruthachadh, agus a bhith an dèidh air a' chruthachalachd seo nan cuid sgrìobhaidh fhèin.

Fiosrachadh rianachd

Foillsichte: An t-Sultain 2019 (dreach 3.0)

Eachdraidh atharrachaidhean

Dreach	Tuairisgeul air atharrachadh	Deit
2.0	Ath-ùrachadh don phàipear cheistean Litreachas agus Sgrìobhadh gu 1 uair agus 40 mionaid.	An Cèitean 2019
3.0	Nòtaichean taice a' chùrsa air an cur ris mar pàipear-taic.	An t-Sultain 2019

Thoir fa-near: tha comhairle ga thoirt dhut sealltainn ri làrach-lìn SQA gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdadh an dreach as ùire den sgrìobhainn seo.